


A dèanamh an eadar-dhealachaidh

Teicneòlas ùr ann an ionnsachadh



Is ann aig pàrantan, luchd-cùraim agus buill teaghlaich a tha a' bhuaidh as cudromaiche air beathannan chloinne. Tha sinn beò ann an saoghal a tha ag atharrachadh gu luath agus far a bheil coimpiutairean agus seòrsachan eile de theicneòlas nam pàirtean cudromach de bheatha làitheil. Tha e anns a h-uile h-àite – ann an dachannan, sgoiltean, àiteachan-obrach, bùithtean agus eadhon air na sràidean. Tha clann fiosrach gu nàdarra agus dealasach a thaobh teicneòlas ùr, agus faodaidh e cuideachadh dha-rìreabh a thoirt air an ionnsachadh agus air an tuigse aca. Faodaidh sibh taic a thoirt do dh'ionnsachadh an leanabh agaibh le bhith gam brosnachadh gu bhith comhfhartail agus misneachail leis bho aois òg. Dh'fhaoidte nach d' fhuair sibh fhèin eòlas air an seo san sgoil ach chan fheum sin a bhith na uallach agus tha cuideachadh ri fhao-tainn – tha ceangalaichean aig deireadh na bileige seo.



Tha sinn a' ciallachadh barrachd air dìreach coimpiutaran!

Bidh sgoiltean gu tric ag aithris air Teicneòlas Fiosrachaidh agus Conaltraidh (air a ghiorrachadh gu 'TFC'). Chan eil seo a-mhàin mu dheidhinn coimpiutaran – tha e a' buntainn ri raon farsaing de theicneòlasan ùra a bhios sinn a' cleachdadh gus fiosrachadh a ruigsinn agus a làimhseachadh, agus gus conaltradh dealanach a dhèanamh. Tha e a' gabhail a-steach coimpiutaran, an t-eadar-lìon agus post-d, ach cuideachd fònaichean-làimhe, cam-rathan-digiteach, camcordaran, innealan MP3, iPodan, agus mar sin air adhart.

Dè a tha sgoiltean a' dèanamh?

Ionnsaichidh an leanabh agaibh **mu dheidhinn** TFC san sgoil – mar a chleachdas iad an teicneòlas – ach cuideachd ionnsaichidh iad **tro** TFC – mar eisimpleir, a' cleachdadh an eadar-lìn gus cuspair a rannsachadh, no a bhith a' bruidhinn ri cloinn eile ann an dùthaich eile tro cho-labhairt-bhideo.

Tha bùird-gheala eadar-obrachail, camarathan-bhideo digiteach agus acfhainn ùr eile a bharrachd air coimpiutaran le ceangal gu eadar-lìon agus post-d aig tòrr sgoiltean a-nis. Tha iad seo air an cleachdadh gus taic agus leudachadh a thoirt air foghlam an leanabh agaibh, ann am measgachadh de dhòighean thairis air a' chlàr-oideachaidh gu lèir. Tha eisimpleirean a' leudachadh bho bhith a' cleachdadh an eadar-lìn airson leasan, obair-dachaigh agus ath-sgrùdadh, gu cuid de sgoiltean a tha a' tòiseachadh air iPodan agus clàran-lìn (leabhraichean-làtha stèidhichte air an lìon) a chleachdadh gus clann a chuideachadh le ionnsachadh.

Ciamar a bhuannaicheas an leanabh agam?

Faodaidh ionnsachadh tro choimpiutaran agus TFC:

- an togradh san t-seòmar-sgoile a mheudachadh
- an dealas airson ionnsachadh a mheudachadh, an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh na sgoile
- an leanabh agaibh a bhrosnachadh gus na beachd-smuaintean agus an obair aca a roinn le càch
- cothrom a thoirt dhaibh obair àrd-inbheach às a bheil moit aca fhèin a dhèanamh
- piseach a thoirt air na sgilean conaltraidh aca
- an cuideachadh gus a bhith nas neo-eisimeiliche
- am brosnachadh gus a bhith nas cruthachaile
- na sgilean a dh'fheumas iad ann an saoghal na h-obrach a leasachadh.



Dè is urrainn dhomhsa a dhèanamh?

Faodaidh sibh an leanabh agaibh a chuideachadh gus a bhith nas eòlaiche air an teicneòlas ùr a tha timcheall orra le bhith a' tarraing an aire gu eisimpleirean làitheil agus leigeil leotha am feuchainn dhaibh fhèin. Do chloinn òga, dh'fhoadadh na cothroman a leanas a bhith an lùib cuairt do dh'ionad bhùithtean:

solais trafaig agus slighean-sàbhailte 'Bodach Uaine'

- › innealan scanaidh sna mòr-bhùithtean
- › lioftaichean agus sreapadain
- › innealan airgid
- › bothagan togail dhealbh.
- ›

Aig an taigh, faodaidh sibh an leanabh agaibh a chuideachadh gus teicneòlas a chleachdadh, leithid:

coimpiutaran

- › innealan DBhD
- › TBh Digiteach
- › camarathan digiteach
- › fònaichean-làimhe
- › àbhainnean microwave.
- ›

Dh'fhaoidte gum bi an leanabh agaibh nas eòlaiche air na teicneòlasan ùra seo na tha sibh fhèin, 's mar sin carson nach iarr sibh orra an sealltainn agus am mìneachadh dhuibh, ur cuideachadh le bhith a' cur air dòigh acfhainn leithid innealan DBhD, mar a tha am fòn-làimhe agaibh ag obrachadh gu làn chomas, agus mar sin air ahdart? Bidh e buannachdail dhan dithis agaibh a bhith ag ionnsachadh còmhla!

Lorg sgrùdadh bho chionn ghoirid gun robh 90% de sgoilearan Albannach a' cleachdadh choimpiutaran taobh a-muigh na sgoile, agus thuirt a' chuid a bu mhotha dhiubh gun robh fear aca aig an taigh.



Ma tha coimpiutar agaibh aig an taigh, brosnachibh an leanabh agaibh gus a chleachdadh len obair-dachaigh agus ath-sgrùdadh, bruidhinnibh air na tha iad a' dèanamh agus bithibh ann gus cuideachadh le duilgheadasan sam bith a dh'fhaodadh tighinn am bàrr. Dèanaibh cinnteach gu bheil fios agaibh fhèin agus aig an leanabh agaibh air ciamar a chleachdas sibh an t-eadar-lìon gu sàbhailte. Smaoinichibh air an àite as fheàrr airson coimpiutar san dachaigh agaibh agus dèanaibh cinnteach gu bheil e furasta dhuibh sùil a chumail air dè cho tric 's a tha an leanabh agaibh air agus nuair a tha iad a' cleachdadh an eadar-lìn.

Airson trèanadh coimpiutaireil, cuiribh fios chun an leabharlainn, colaiste no Learn Direct ionadail agaibh. Lorgaidh sibh comhairle mu choimpiutaran, bathar-bog agus an t-eadar-lìon air làrach-lìn Parents Information Network. Tha fiosrachadh seòlaidh ri fhaotainn air cùl na bileige seo. Airson tuilleadh fiosrachaidh air dòighean san urrainn dhuibh an leanabh agaibh a chuideachadh aig an taigh, cuiribh fios chun na sgoile.

Ciamar as urrainn dhan an leanabh agam coimpiutar a chleachdadh mura bheil fear againn aig an taigh?

Mura bheil coimpiutar agaibh aig an taigh, 's dòcha gum faod an leanabh agaibh fear a chleachdadh aig taigh caraide no taigh cuideigin a tha càirdeach dhuibh, no aig cluba as dèidh sgoile, ionad coimhearsnachd, càfe eadar-lìn no san leabharlann ionadail. Mar as trice bidh leabharlainn a' tairgse cothrom a bhith a' cleachdadh an eadar-lìn gu sàbhailte agus an-asgaidh agus mar as trice gheibhear cuideachadh le bhith ga chleachdadh.

Mura bheil sibh cinnteach ciamar a chleachdas sibh coimpiutar, chan eil e uair sam bith ro fhadalach ionnsachadh! Dh'fhaodadh sibh a dhol chun an leabharlainn ionadail agaibh, a dhol an lùib clas oidhche no suidhe còmhla ris an leanabh agaibh...agus ionnsachadh còmhla.

Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mu bhith ag ionnsachadh le coimpiutaran agus teicneòlasan ùra eile, no taobh sam bith de fhoghlam Albannach, air Parentzone.

www.parentzonescotland.gov.uk

Dualan agus ceangalaichean feumail

Parentzone

www.parentzonescotland.gov.uk

Cùrsaichean trèanaidh coimpiutaireil Learn Direct

Fòn: 0808 100 9000

www.learnirectscotland.com

Parents Information Network

(comhairle air coimpiutaran agus bathar-bog)

www.pin.org.uk

Cleachdadh an eadar-lìn gu sàbhailte (sa Bheurla)

www.chatsafer.co.uk

www.parentscentre.gov.uk/usingtheinternet/internetsafety

www.nch.org.uk/information/index.php?i=134

Stiùireadh airson a bhith a' cleachdadh an eadar-lìn (sa Bheurla)

www.bbc.co.uk/webwise

Stuth ath-sgrùdaidh Ìre Choitcheann agus Àrd Ìre (sa Bheurla)

www.bbc.co.uk/scotland/education/bitesize

Teicneòlas Spèisealta airson feumalachdan taic a bharrachd (sa Bheurla)

www.callcentre.education.ed.ac.uk

Fòn: 0131 651 6235

BBC Parents

www.bbc.co.uk/schools/parents

Childcare Link

Fòn: 0800 096 0296

www.childcarelink.gov.uk

One Parent Families Scotland

Fòn: 0800 018 5026

www.opfs.org.uk

Parentscentre

www.parentscentre.gov.uk

ParentLine Scotland

Fòn: 0808 800 2222

www.children1st.org.uk/parentline

Parent Network Scotland

Fòn: 0131 555 6780

www.parentnetworkscotland.org.uk

Enquire (An t-seirbheis chomhairle Albannach airson taic a bharrachd airson ionnsachaidh)

Loighne-cuideachaidh: 0845 123 23 03 Fòn-teacsa: 0131 222 2439 www.enquire.org.uk

Seo an naoidheamh bileag ann an sreath. Tha e a' comharrachadh am fìor dhiofar a dh'fhaodas agus a tha pàrantan a' dèanamh ann an ionnsachadh an cuid chloinne. Còmhla ri comhairle ionadail a gheibh sibh air na dòighean-obrach a tha aig sgoil an leanaidh agaibh, taigidh an t-sreath seo tuilleadh fiosrachaidh a chuidicheas sibh gus a dhol an sàs nas motha ann am foghlam an leanaidh agaibh. Tha bileagan foillsichte eile ann air Obair-dachaigh, A' roinneadh fiosrachadh, Oidhcheannan phàrant, Saor-làithean sgoile, A' tòiseachadh bliadhna sgoile ùr, Roghainnean fallain, Ionnsachadh air taobh a-muigh na sgoile agus lomairt ann am foghlam. Tha an t-sreath cuideachd a' toirt a-steach stuthan airson sgoiltean agus luchd-teagaisg air na cuspairean seo.

Ma tha sibh airson fios a leigeil thugainn, no cuspairean a mholadh airson bileagan eile, feuch gun tadhail sibh air www.parentzonescotland.gov.uk, no fònaibh 0131 244 0956. Bidh a' bhileag seo ri faotainn ann an cànanan coimhearsnachd agus riochdan diofraichte bhon fheadhainn a chì sibh san sgoil no air làrach-lìn Parentzone.

Chaidh an t-sreath seo a dheasachadh ann am com-pàirt ris an Aonad Càileachd ann am Foghlam (Oilthigh Shrathchluaidh) agus Clann ann an Alba.

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn.



SCOTTISH EXECUTIVE